

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Tràilleachd agus Alba (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 933. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 629 corresponds to Litir 933.

Bha mi a’ bruidhinn mu chuile an t-siùcair an t-seachdain sa chaidh. *Sugar cane*. Cuile an t-siùcair. Air a’ chiad shealladh, ’s dòcha nach eil cus cheanglaichean ann eadar muinntir na h-Alba agus an lus seo. Ach cha bhiodh sin ceart. ’S iomadh Albannach a fhuair fearann fo sgèith na h-Ìmpireachd agus a dh’fhàs cuile an t-siùcair air. Bha sin gu h-àraidh fìor anns na h-Innseachan an Iar.

Agus tha sin gam thoirt gu ceist. A bheil sinne ann an Alba fosgailte gu leòr mun ìre anns an robh ar sinnsirean an sàs ann an tràilleachd? **Cha chreid mi fhìn gu bheil.** ’S iomadh togalach brèagha ann an Glaschu a chaidh a thogail le airgead a rinneadh à tràilleachd. ’S iomadh duine dubh, le sinnsireachd à Iameuga is àiteachan eile air a bheil ainm-cinnidh Albannach. Caimbeul, Dòmhnallach is mar sin air adhart. B’ iad sin ainmean a bh’ air Albannaich a bha a’ cumail thràillean.

An-uiridh bha mi a’ dèanamh beagan rannsachaidh air Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis. **’S e sgoil ùr a th’ innte** anns an latha a th’ ann, agus sgoil mhòr cuideachd. **’S i an àrd-sgoil** ann an Inbhir Nis anns a bheil cuspairean air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, o shean, mus robh an sgoil fo smachd nan ùghdarrasan poblach, bha airgead innte a thàinig à tràilleachd. Thathar a’ tomhas gun tàinig an treas cuid dhen chalpa airson an acadamaidh a thogail às na h-Innseachan an Iar. Bhiodh cuid dheth às oighreachdan far an robhar a’ fàs cuile an t-siùcair.

O thùs bha an acadamaidh air sràid ùr – *New Street* – faisg air far a bheil Stèisean-rèile Inbhir Nis. Fhuair an sgoil cùmhnant rìoghail bho Rìgh Deòrsa III ann an seachd ceud deug, naochad ’s a trì (1793). Bha i air an làraich sin airson beagan is ceud bliadhna. Chaidh ainm ùr a thoirt air an t-sràid – *Academy Street* – Sràid na h-Acadamaidh – agus ’s e sin a th’ oirre fhathast. Ann an ochd ceud deug, naochad ’s a còig (1895), ghluais i gu àite ùr air a’ Chrùn agus bha i an sin airson còrr is ceithir fichead bliadhna.

Rinn an t-eòlaiche-eachdraidh, Daibhidh Alston, rannsachadh air clann dubha a bha nan sgoilearan ann an sgoiltean na Gàidhealtachd anns an naoidheamh linn deug. Bha e air cluinntinn gun robh Ùisdean Mac a’ Mhuilleir – an t-eòlaiche air creagan is fosailean – air a bhith na shuidhe san sgoil ann an Crombaidh ri taobh sgoilear dubh. Agus nuair a rinn e rannsachadh air Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, fhuair an t-Oll. Alston a-mach gun robh triùir sgoilearan dubha anns an sgoil sin. ’S e a bh’ annta ach clann aig fir às a’ Ghàidhealtachd a bh’ air boireannaich dhubha a phòsadh nuair a bha iad a’ ruith no ag obair air tuathanasan siùcair anns na h-Innseachan an Iar. Bha cuid de na boireannaich sin nan tràillean.

Tha Daibhidh Alston dhen bheachd gun robh muinntir na h-Alba gu math fosgailte mu dhaoine dubha aig an àm sin. Bha iad car saor de ghràin-chinnidh, ged a bhiodh sin ag atharrachadh tro thìde. An-ath-sheachdain bheir mi sùil air turas a rinn tràill Ameireaganach a dh'Alba – mar a mhol e Dùn Èideann ach mar a thug e slaic air an Eaglais Shaoir – an eaglais aig Ùisdean Mac a' Mhuilleir – airson airgead a ghabhail à tràilleachd.

* * * * *

Faclan na Litreach: cuile an t-siùcair: *sugar cane*; Na h-Innseachan an Iar: *The West Indies*; sinnsirean: *ancestors*; Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis: *Inverness Royal Academy*; eòlaiche-eachdraidh: *historian*; Ùisdean Mac a' Mhuilleir: *Hugh Miller*.

Abairtean na Litreach: Air a' chiad shealladh: *at first sight*; cuile de sheòrsa air choireigin eile: *cane of another type*; nach eil cus cheanglaichean ann: *there aren't too many links*; 's iomadh Albannach a fhuair fearann fo sgèith na h-Ìmpireachd: *many a Scot got land under the auspices of the Empire*; 's iomadh duine dubh, le sinnsireachd à Iameuga air a bheil ainm-cinnidh Albannach: *many a black person with Jamaican ancestry carries a Scottish surname*; mus robh an sgoil fo smachd nan ùghdarrasan poblach: *before the school was in the hands of the public authorities*; bhiodh cuid dheth às oighreachdan far an robhar a' fàs cuile an t-siùcair: *some of it would [have been] from estates where sugar cane was being grown*; airson beagan is ceud bliadhna: *for a little over a hundred years*; ghluais i gu àite ùr air a' Chrùn: *it moved to a new site on the Crown [part of Inverness]*; air a bhith na shuidhe san sgoil ann an Crombaidh ri taobh sgoilear dubh: *had been sitting at school in Cromarty next to a black pupil*; 's e a bh' annta ach clann aig fir às a' Ghàidhealtachd a bh' air boireannaich dhubha a phòsadh: *they were children of Highland men who had married black men*; bha cuid de na boireannaich sin nan tràilleachan: *some of those women were slaves*; car saor de ghràin-chinnidh: *rather free from racial prejudice*; mar a thug e slaic air an Eaglais Shaoir: *how he criticized the Free Church*.

Puing-chànain na Litreach: 'S e sgoil ùr a th' innte – *'it's a new school'*; 'S i an àrd-sgoil – *'it's the high school'*. *Do you understand why I've used 'S e in the first example and 'S i in the second? In the latter, sgoil is a feminine noun (and therefore àrd-sgoil is feminine) so we use the feminine pronoun with the assertive verb; compare it to 'is mise' when introducing yourself. However, the former employs the phrase 's e X a th' ann an Y and it is always 's e even if the noun is feminine (eg 's e cailleach ghlic a th' innte) or plural (eg 's e saighdearan a th' annta).*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Cha chreid mi fhìn gu bheil: *I don't personally think we are.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA